

## GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

*'S urrainn dhomh mìneachadh agus geàrr-chunntas a dhèanamh air prìomh thachartasan eachdraidh a' Chlò Hearaich.*

*'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air àite a' Chlò Hearaich ann an eaconamaidh Leòdhais is Na Hearadh san latha an-diugh.*

*Nì mi a' chùis air dùbhlann dealbhachaidh a' cleachdadh Clò Hearach.*

- Tadhair air breabadair agus faigh a-mach mun bheairt agus mar a tha iad a' fighe a' chlà.
- Tadhair air muileann agus faigh a-mach mun cheangal eadar a' mhuileann agus na breabadairean.
- Tadhair air taisbeanadh Comann Eachdraidh airson beairt fhiodha fhaicinn.
- Dèan coimeas eadar na trì seòrsaichean beairte a bhathar a' cleachdadh sna ceud bliadhna mu dheireadh – beairt fhiodha, beairt Hattersley and beairt dhùbailte.
- Coimhead air pìosan clò bho amannan.
- eadar-dhealaichte ann an eachdraidh, agus sgrìobh seantans airson gach fear, a' cleachdadh bhuaidhairean.
- Le bhith a' leughadh chunntasan eachdraidheil air an eadar-lìon, faigh a-mach mar a dh'adharthaich a' Bhean-usal Dunmore gnìomhachas a' Chlò Hearaich.
- Sgrìobh litir, mas fhìor bhon a' Bhean-usal Dunmore gu caraid, a' feuchainn ri Clò Hearach a reic riutha.
- Èist ri cuideigin bho Ùghdarras a' Chlò Hearaich ag innse mar a thòisich comharra-malairt an orb ann an 1909, agus mu na h-Achdan Pàrlamaid a chaidh troimhe airson an clò a dhìon.
- Sgrìobh a-mach am mìneachadh laghail a th' ann an Achd a' Chlò Hearaich a thaobh Clò Hearach, agus dealbhaich comharra-malairt airson a dhol còmhla ris.
- Dèan bileag airson Clò Hearach a' mhargaideachadh, a' toirt cunntas air dòighean anns an gabhar a chleachdadh agus a' toirt seachad fiosrachadh mu làraich-lìn nam muilteann.
- Dealbhaich pìos aodaich a' cleachdadh Clò Hearach, agus an uair sin dèan postair airson a shanasachd.

## CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Carson a bha na h-eileanan gu h-àraid freagarrach airson a bhith a' fighe aodach blàth clòimhe?

Carson a tha thu a' smaoinichadh a bha a' bheairt Hattersley a' còrdadh cho mòr ri daoine nuair a thàinig i a-mach sna 1930an?

Carson a dh'fheumte beairt dhùbailte a dhealbhadh airson an 21mh linn?

Carson a dh'atharraich an clò anns na ceud bliadhna a chaidh seachad?

Carson a tha comharra-malairt ann?

Saoil carson a chaidh orb agus a' chrois Mhaltach a thaghadh?

Dè na buannachdan a tha an luib Achd Pàrlamaid a bhith ann airson bathar a dhìon?

Dè do bharail air Clò Hearach a thaobh fasantachd?

## EÒLASAN IS BUILEAN

*'S urrainn dhomh faighinn a-mach mar a tha goireas cumanta air atharrachadh thar ùine, airson mothachadh fhaotainn air ceangal eadar adhartasan teicneòlasach agus saidheansail.*  
TCH 2-01b

*Tro lorg a-mach agus tro mhac-meanmhainn, 's urrainn dhomh ro-innleachdan airson fuasgladh cheistean a thoirt air adhart agus a chleachdadh, airson dèiligeadh ri dùbhlain co-cheangailte ri dealbhadh le fòcas bìdh no aodaich.*  
TCH 1-11a / TCH 2-11a

*An dèidh m' obair a luachadh, 's urrainn dhomh a h-atharrachadh agus a toirt air adhart far a bheil sin freagarrach, tro fheuchainn a-mach agus ceartachadh, no le bhith a' cleachdadh fiosrachadh-air-ais*  
TCH 2-11b

*Trom ionnsachadh, tha mi a' feuchainn a mach cleachdadh dath airson mothachadh a thoirt air adhart mu na buaidhean agus na builean a dh'fhaodas a bhith aige.*  
TCH 2-15b

## CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.e-storas.com/primary.aspx/e-storas-resource.aspx?id=1441>

<http://www.harristweed.org/>

<http://www.harristweedandknitwear.co.uk/>

[www.harristweedhebrides.com](http://www.harristweedhebrides.com)

<http://thecarlowaymill.com/index.html>

<http://www.harristweedandknitwear.co.uk/the-history-of-making-harris-tweed/>

[https://www.youtube.com/watch?v=Q\\_y5LrjTNJw](https://www.youtube.com/watch?v=Q_y5LrjTNJw)

A Harris Way of Life  
Gisela Vogler

The Islanders and the Orb  
Janet Hunter

